

Gur Gile mo Leannan

Whiter is my Love

an Ollamh Eóghann MacLachlainn

Sèisd

Air fàillirinn, ìllirinn, ùillirinn o

Air fàillirinn, ìllirinn, ùillirinn o

Air fàillirinn, ìllirinn, ùillirinn o

**Gur bòidheach an comunn th' aig coinnimh 'n t-
Strathmhóir**

Beautiful is the company that is met in Strathmore

Rann 1

Gur gile mo leannan na'n eal' air an t-snàmh,

Whiter is my love than the swimming swan,

Na cobhar na tuinne 'se tilleadh gu tràigh,

Than the foam of the waves as they return to the shore,

Nam blàth-bhainne buaile 's a' chuach leis fo bhàrr,

Than the best milk of the cattle-fold under the cream in
the bowl,

**No sneachd nan gleann dosrach 'ga fhroiseadh mu'n
bhlàr.**

Or the snow in the fertile glen spread over the ground.

Rann 2

Mar na neòil bhuidhe 'lùbas air stùcaibh nan sliabh,

As the yellow clouds wind round the peaks of the hills,

Tha cas-fhalt mo rùinsa gu siùbhlach a' snìomh;

The curled hair of my love moves and twists;

**Tha 'gruaidh mar an ròs 'nuair a's bòidhche 'bhios
'fhiamh**

Her cheek like a rose when most beautifully hued

Fo ùr-dhealt a' Chéitein mu'n éirich a' ghrian

Under the fresh dew of May at the rising of the sun.

Ran 3

**'Nuair thig samhradh nan neòinean a' comhdach
nam bruach,**

When summer will come and the daisies cover the
banks

**Bidh gach eòinean 'sa' chròc-choill' a ceòl leis a'
chuaich'**

Each bird in its tree branch will make music by its nest

'S bidh mise gu h-éibhinn a' leumnaich 's a' ruaig

It is I will be overjoyed, leaping in the hunt

**Fo dhlùth-gheugaibh sgàileach, a mànrán ri m'
luaidh**

(Or) under a close-branched covering, wander with my
love.

Bòidheach - beautiful; **comunn** - company; **coinnimh** - of meeting;

gile - whiter; **leannan** - sweetheart, love;

cobhar - foam; **tuinne** - of the waves; **tilleadh** - returns; **tràigh** - shore

blàth-bhainne - best (flower of) milk; **buaille** - cattle-fold; **chuach** - bowl; **bhàrr** - cream;

sneachd - snow; **gleann** - glen; **dosrach** - luxuriant, fertile; **fhroiseadh** - spread; **bhlàr** - ground;

neòil - clouds; **bhuidhe** - yellow;

'lùbas - curve; **stùcaibh** - peaks;

sliabh - hills; **cas-fhalt** - curled

hair; **rùinsa** - sweetheart, love;

siùbhlach - moves; **snìomh** - twists;

'gruaidh - cheek; **ròs** - rose;

'nuair - when; **bòidhche** - as

beautiful; **'bhios** - would be;

'fhiamh - tint, hue; **ùr-dhealt** -

fresh dew; **Chéitein** - May; **éirich** -

rise; **ghrian** - sun;

'Nuair - when; **thig** - will come;

samhradh - summer; **neòinean** -

daisies; **a' comhdach** - covering;

bruach - bank; **gach** - each;

eòinean - birds; **chròc-choill'** -

tree branch; **ceòl** - music; **leis** -

with; **chuaich'** - nest; **bidh** - will

be; **mise** - me; **h-éibhinn** -

overjoyed; **leumnaich** - leaping;

ruaig - hunt; **Fo** - under; **dhlùth-**

gheugaibh - close-branched;

sgàileach - covering; **mànrán** -

saunter, wander; **luaidh** -

sweetheart, love;